

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 7 | 2012 | AN T-IUCHAR



Facal Toisich

A bheil sinn an crochadh ro-mhòr an-diugh air innealachd na linne seo? Aig aon àm cha robh fòn air a chleachdadh ach airson a bhith a' bruidheann ri càirdean agus a' cur teachdaireachd gu cuideigin. Ach anns an latha againne nì fòn làimhe iomadh rud eile a thuilleadh air a bhith a' toirt cothroim dhut còmhraidh ri càirdean. As aonais post-dealain bhiodh obair Fear-deasachaidh iris sam bith na bu duilghe. Tha an telebhisean air barrachd làrach a dhèanamh air dachaighean agus air beatha dhaoine na tha iad ag aithneachadh no ag aideachadh. A rèir rannsachaidh, tha clann ann agus mus ruig iad seachd bliadhna bidh iad air bliadhna dem beatha a chur seachad air beulaibh sgàilein, sgàilean telebhisein anns a' bhitheantas.

Tha an Eaglais a' dèanamh feum de ghoireasan an latha an-diugh. Bidh seirbheisean gan clàradh airson gum faigh feadhainn a tha air an cuingealachadh ri an dachaighean cothrom air na chuala càch a chluinntinn. Tha prògraman spioradail air ràdio agus air telebhisean 'nam beannachd do mhòran.

Tha iomadh neach den bheachd gum biodh e na b'fheàrr a dhol air ais gu beatha nas sìmplidhe. Bidh daoine a' dèanamh sin mar-thà nuair a bhios iad a' campachadh air làithean saora gun ghuth air na h-innleachdan a bhios aca 'nan dachaighean. Ged a tha na rudan sin riatanach ann an iomadh dòigh, tuigidh sinn aig amannan mar sin gun dèan sinn a' chùis às an aonais.

Tha seo fìor mu iomadach suidheachadh nar beatha, a bhith ballaisteach, cothromach, glic, gun a bhith a' leigeil le innealan an t-àite a ghabhail nar beatha a bu chòir a bhith aig rudan eile.

**Leis gach beannachd,
Ruairidh MacLeòid**



Creagan is cnuic, fairge agus bàghannan: seallaidhean air a bheil Gàidheil na h-Alba glè eòlach. Cluinnear Gàidhlig anns na ceàrnaidhean seo, ach chan ann ann an Alba a tha na seallaidhean brèagha seo, ach thall ann an Ceap Breatainn. Bha am Fear-deasachaidh air chuairt ann an Ceap Breatainn ann an 1979. Dh'fhairich e mar gum biodh e aig an dachaigh agus Gàidhlig gu leòr ga bruidheann leis na daoine còire càirdeil ann an Canada, le ainmeannan Gàidhealach air mòran de na bailtean. Bha cuid de na seallaidhean cho coltach ri rudan a chitheadh tu anns na h-Eileanan an Iar agus gu robh e a' faireachadh gu robh e fhathast air an taobh seo den Chuan Siar.

Cùil Nan Ceist

Aig an àm seo den bhliadhna bidh daoine a' coiseachd, am measg nam beann no ri oirthir nan eilean. Tha Coimisean na Coilltearachd agus buidhnean eile air slighean a dhèanamh do luchd-coiseachd. An turas seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu dhaoine anns a' Bhìoball a bha a' coiseachd.

1. Dè am baile a dh'ionnsaigh an robh dithis de luchd-leanmhainn losa a' coiseachd à Ierusalem? (Lùcas, caibideil 24.)
2. Lìon a' bheàrn: "Seo an -----, gluaisibh innte." (Isaiah, caibideil 30.)
3. Cò "a ghluais maille ri Dia"? (Genesis, caibideil 5.)
4. Cò am fear de na deisciobail a dh'fhiach ri coiseachd air an uisge? (Mata, caibideil 14)

Searmon an Ard-sheanaidh – 1

(Seo a' cheud chuibhreann den t-searmon a thugadh seachad air Sàbaid an Ard-sheanaidh ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann leis an Urr. Coinneach Dòmhnallach, a tha 'na mhinistear-cuideachaidh ann an Eaglais na h-Alba.

A' togail am Fhuinn bha Alasdair MacLèoid agus a' leughadh nan Sgrìobtar bha an Siorram Ruairidh Iain MacLèoid. Rinn am Moderàtor am Beannachadh ann an Gàidhlig, agus sheinn Còisir Lodainn aig toiseach agus deireadh na seirbheis.)

“NEARTAICH DO BHRAITHREAN”

Lùcas 22:31-32 *Thubhairt an Tighearna, A Shimoin, a Shimoin, feuch, dh'iarr Sàtan sibhse (mo dheisciobail), a-chum ur crathadh mar chruithneachd. Ach ghuidh mise air do shon-sa (a Pheadair) nach diobradh do chreideamh thu. Agus nuair a dh'iompaichear thu (nuair a thilleas tu thugamsa), neartaich do bhràithrean.*

Peadar 'na laige agus Peadar 'na neart. 'S dòcha gu bheil sinn ro-bhuailteach a bhith a' smaoinichadh air Peadar 'na laige, air mar a thuislich e air an oidhche a chaidh losa a chur an grèim, agus mar a dh'àicheadh e a Mhaighistir. “Chan aithne dhomh e. Chan aithne dhomh idir, idir e.” Bu mhath a bha fios aig losa air cho lag 's a bha Peadar, air cho earbsach agus a bha Peadar air Peadar fhèin, agus air cho cuilbheartach 's a bha an Nàmhaid a bha an tòir air. Ach bha losa a' faicinn taobh thall na laige. Bha e a' faicinn a' Pheadair a bha gu bhith air a dhèanamh làidir anns an Tighearna, am Peadar a bha gu bhith 'na ghaisgeach mòr ann an saothar is ann am fulangas an t-Soisgeil; am Peadar a bha gu bhith a' neartachadh a pheathraichean agus a bhràithrean anns a' chreideamh. Agus sin a tha sinn a' faicinn Pheadair a' dèanamh anns an litir a sgròbh e gu Crìosdaidhean a bha air an sgapadh thall 's a-bhos, agus a ir an geur-leanmhainn air sgàth an dilseachd do Chrìosd.

'S iongantach gu bheil mòran nar dùthaich a chanadh rinn gu bheil ar n-eaglais fhìn an-diugh làidir agus buadhach. Ann an iomadh dòigh tha i air a comharrachadh le laige. Lag 'na creideamh agus 'na fianais; gann de mhinistearan agus de dh'airgead; àireamh nam ball a' sìor thuiteam; glè bheag buaidh air beatha is cultar na dùthcha. Cha d'rachadh mòran às àicheadh gu bheil i a' cur feum air neartachadh. Mar sin, tha e iomchaidh dhuinn smaoinichadh: dè an seòrsa neartachaidh a dhèanadh Peadar oirnn fhìn mar Chrìosdaidhean aig an àm seo?

A' coimhead air an litir aige, tha e follaiseach gu bheil cuid a rudan cudthromach ann a dh'ionnsaigh an iarradh e ar n-aire a thoirt. Agus an toiseach gnothaich, dh'iarradh e ar stiùireadh air ais gu **bunaitean ar slàinte**. Ann an togalach sam bith, tha a h-uile nì an earbsa ris na bunaitean. Bho chionn iomadh bliadhna, thadhail mi airson na ciad uaire air Ard-Eaglais York ann an Sasainn. Abair togalach mòr, greadhnach, le clachaireachd ghrinn agus uinneagan òirdhearc, iomadhaithe. Ach ann an aon oisinn bha taisbeanadh de dhealbhan a chaidh a thogail shìos domhainn fo làr na h-eaglais, a' nochdadh mar a bha na bunaitean a' brothadh is a' gluasad fo chuideam an togalaich a chumail gun tuiteam. Tha Peadar a' tarraing aire Chrìosdaidhean a là fhèin gun a bunaitean daingeann, dìongmhailte air an robh an creideamh air a shocrachadh. Tha e a' cur 'nan cuimhne gun tàinig iad gu earbsa a chur ann an Crìosd tre bhith air an 'ath-ghineamhainn, chan ann o shìol truailidh, le facal an Dè bheò, agus a mhaireas gu sìorraidh.' Dh'iarradh Peadar oirnn tilleadh gu làn earbsa a chur anns a' chumhachd a tha ann am facal an Tighearna nuair a tha e air a shearmonachadh, mar a shearmonaich na h-abstòil fhèin e, 'leis an Spiorad Naomh a chuireadh a-nuas o nèamh'. Tha feum daonnan air dithis shearmonaichean a bhith anns a' chùbaid còmhla – an teachdaire talmhaidh, lag, critheanach, mar a dh'fhaodas e a bhith, agus an Spiorad neartmhor aig a bheil an comas daoine marbha a thoirt beò.

Ach tha Peadar a' cur an cuimhne Chrìosdaidhean a là fhèin, agus Crìosdaidhean ar là-ne, gu bheil bunaitean an slàinte mòran nas dìomhne na nì sam bith a dh'fhiosraich iad 'nam beatha fhèin. Tha e gan ainmeachadh mar dhaoine 'a thaghadh a rèir ro-eòlas Dhè an t-Athair, tre naomhachadh an Spioraid, a-chum ùmhachd, agus crathadh fuil losa Crìosd'. Anns na linn-tean a dh'fhalbh, bhiodh daoine a' sìubhal aibhnichean mòra an t-saoghail gus faighinn a-mach càite an d'èirich an abhainn, càite an do thòisich i a' sruthadh. Ma fhuair sinn fhìn slàinte ann an losa Crìosd, càite an do thòisich an t-slàinte sin? Tha Peadar ag ràdh gun do thòisich i ann an inntinn is ann an rùintean Dhè an t-Athair; gun deach a pris a phàigheadh le losa Crìosd, Mac Dhè, a thighinn anns an fheòil agus fhuil a dhòrtadh a chosnadh mathanas dhuinn; agus gun deach a càradh ri ar n-anam gu pearsanta leis an Spiorad Naomh, a thàlaidh sinn gu earbsa a chur ann an Crìosd agus ùmhachd a chur ann mar Thighearna ar beatha. Ma tha ar slàinte socraichte air bunaitean cho làidir sin, bunaitean air an leagail is air an daingeachadh le trì Pearsachan na Trianaid, nach bu chòir dha a bhith 'na neartachadh mòr dhuinn a bhith a' meòmhachadh, is a' sìor mheòmhachadh.

Leabhraichean

Tha grunn leabhraichean cudthromach air tighinn on chlàr mu na fuadaichean air feadh na Gàidhealtachd agus an seasamh a bha aig an Eaglais, agus gu h-àraidh na ministearan, anns na bha a' tachairt anns na làithean sin a bha cho deuchainneach do na Gàidheil.

An seo tha leabhar beag againn a tha a' cuimseachadh air trì eileanan ann am meadhan na naodhamh linn deug, Uibhist a Tuath, Beinn na Fadhlà agus Uibhist a Deas. Tha Flòraidh Niclaine, aig a bheil dlùth-cheangal ri teaghlach ainmeil Uibhisteach, a' sgrìobhadh gu tuigseach agus gu grinn mu na làithean sin, agus gu sònraichte mu na ministearan agus na sagairt a bha ann an sgìrean ann an Uibhist aig an àm. Tha i ag innse mun chlàr a bha aig Eaglais na h-Alba, an Eaglais Shaor agus an Eaglais Chaitligeach.

Tha cuimhne mhath fhathast anns na h-eileanan air Fionnlagh MacRath a bha 'na mhinistear-sgìre ann an Uibhist a Tuath aig àm dealachadh nan eaglaisean ann an 1843 agus nuair a bha duilgheadasan ann le daoine a bhith air am fuadach às an

Faith in a Crisis

Famine, Eviction and the Church in North and South Uist

Flora Johnston

(Urras Leabhraichean nan Eilean. £9.99.)

dachaighean agus a' bhochdainn a bha ann le gaiseadh a' bhuntàta. Lean mòran de mhuintir Uibhist a Tuath Tormod MacLèoid a-steach don Eaglais Shaor. Tha an leabhar seo a' sealltainn dhuinn mar a ghiùlain Maighistir Fionnlagh agus Maighistir Tormod iad fhèin anns na tachartasan sin.

Tha caibideilean goirid anns an leabhar seo, agus tha gach caibideil furasta a leughadh agus làn brìgh. Mar a bhiodh dùil ann an leabhar a thàinig o Urras nan Eilean tha na tha sgrìobhte air a stèidheachadh gu bunaiteach air eachdraidh a ghabhas dearbhadh. Bidh e air a ràdh gu bheil aon dealbh nas fheàrr na mìle facal. Tha na dealbhannan a tha anns an leabhar seo a' ceangal na h-eachdraidh ri àiteachan agus làraich ann an Uibhist.

Mar a tha tiotal an leabhair ag innse, 's e àm èiginneach a bha seo don eaglais agus don t-sluagh. Bheir an leabhar seo iomadh sùileachan dhuinn air beachdan agus faireachaidhean agus gnìomharan nan teachdairean a bha a' saothrachadh ann an Uibhist aig an àm.

A' Choinneamh Ghàidhealach

Bha mu leth-cheud neach an làthair aig Coinneamh Ghàidhealach an Ard-sheanaidh am bliadhna agus fo iomadh sealladh 's e cruinneachadh soirbheachail a bha ann. Fad uair de thìde ron choinneamh shuidh daoine còmhla a' còmhradh agus a' gabhail cupa tì – agus na rudan blasta a chaidh a chur 'nan tairgse.

Am bliadhna 's e na ceanglaichean spioradail eadar bàtaicheanan, an fhairge agus taobh siar na Gàidhealtachd an cuspair air an robh a' choinneamh a' cuimseachadh. Bha an t-adhradh ro-làimh a' freagairt cuspair an latha. Sheinn sinn dà rann ann an Gàidhlig à salm freagarrach, agus Ruairidh Dòmhnallach a' togail an fhuinn. Tha Ruairidh fad iomadh bliadhna air taic a thoirt do na seirbheisean Gàidhlig ann an Dùn Eideann agus tha e an còmhnaidh aig Coinneamh Ghàidhealach an Ard-sheanaidh. Leugh an t-Urr. Dòmhnall Iain Moireasdan cuibhreann on t-seachdamh salm thar a' cheud mun fheadhainn "a thèid sìos don fhairge air longan."

Fhuair an luchd-èisteachd toileachadh mòr on òraid a chuala iad on Urr. Dòmhnall MacGuaire, a leig seachad a dhreuchd anns an Fhaoilleach mar mhinistear ann an eaglais Duncansburgh MacIntosh ceangailte ri Cill Mo Naomhaig. Tha ùidh mhòr agus eòlas farsaing aig Mgr. MacGuaire air bàtaichean de gach seòrsa, gu h-àraidh na bàtaichean a bha a' frithealadh do na Gàidheil.

Seirbheis Ghàidhlig anns an Oban

Anns a' Chèitean thàinig an coitheanal Beurla agus an coitheanal Gàidhlig còmhla ann an eaglais Ghleann Chruitein anns an Oban airson seirbheis shònraichte a' comharrachadh Latha Dol Suas ar Slànaigheir. (Lùcas 24.) Bha a' chuid mhòr den adhradh ann an Gàidhlig agus bha buill den coitheanal aig an robh Gàidhlig a' cur fàilte air an t-sluagh aig doras na h-eaglais. Bha còrr is ceud gu leth an-làthair aig an t-seirbheis. Nuair a sheinn an coitheanal an treas salm thar fhichead – air an fhonn *Bays of Harris* - bha cothrom aig an fheadhainn aig nach robh

Gàidhlig na faclan a sheinn ann am Beurla – ach bha aca ri cuimhneachadh gu bheil sia rainn anns a' Ghàidhlig, ged nach eil ach còig anns an t-salmadair Bheurla.

Ghabh Còisir Ghàidhlig an Obain agus clann on Aonad Ghàidhlig pàirt anns an t-seirbheis. Bha sgoilearan agus pàrantan air Crois Cheilteach eireachdail a dhèanamh airson na seirbheis agus rinneadh mìneachadh air dè a bha a' chrois a' ciallachadh do na Gàidheil anns na seann linntean. Mar eisimpleir, bha cearcall na croise mar shamhladh air gràdh Dhè a tha gun toiseach, gun cheann.

Tha ministear a' choitheanail, an t-Urr. Dubhghlas Camshron, ag ionnsachadh na Gàidhlig agus tha e taiceil don chànan. Tha seirbheis Ghàidhlig air a cumail anns an eaglais air a' cheathramh Sàbaid den mhìos aig trì uairean feasgar.


Aig Uaigh Dhonnchaidh Bhàin


Tha dà cheud bliadhna bho chaochail am bàrd ainmeil, Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir. Chaidh a chorp a chàradh ann an uaigh ann an cladh nam Manach Liath air an naodhamh latha deug den Chèitean 1812. Air an fhicheadamh latha den Chèitean am bliadhna chumadh seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh ann an Eaglais nam Manach Liath. An dèidh an adhradh chruinnich an coitheanal aig carragh-cuimhne a' bhàird airson seirbheis-chuimhneachain. Aig a' chruinneachadh labhair an t-Urr. Coinneach Dòmhnallach gu freagarrach mu bheatha agus mu shaothair Dhonnchaidh Bhàin.


Anns a' mharbhrann a rinn e dha fhèin tha Donnchadh Bàn ag innse mar a bha esan a' beachdachadh air a' bhàs.


*Caochladh beatha th'ann 's cha bhàs,
Le beannachadh gràs mhor, buan;
Gach neach a nì a' chuid as fheàrr,
'S math an t-àit' am faigh e 'dhuais:
Cha bhi 'n t-anam ann an càs,
Ged tha 'n corp a' tàmh san uaigh
Gus an latha 'n tig am bràth
'S an èirich sliochd Adhaimh suas.*

Gàidhlig Shìmplidh

 Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Tillibh, a chlann nan daoine." Tha sin sgrìobhte anns an deiceamh salm thar cheithir fichead, aig an treas rann. (Salm 90:3.) Tha am facal "pill" no "till" againn tric anns a' Bhioball. Nuair a tha thu a' tilleadh, tha thu a' dol air ais gu àite a dh'fhàg thu. Tha creideamh a' ciallachadh a bhith a' tilleadh gu Dia. Nuair a ghabh am mac stròdhail aithreachas, thill e dhachaigh. Tha Dia ag iarraidh oirnn tilleadh gu blàths agus gràdh na dachaigh. Thubhairt am fàidh, "Till, O Israeil, ris an Tighearna do Dhia."

 Dè as fheàrr, fuachd no teas? Nuair a bha mise a' sgrìobhadh seo, bha teas neo-chumanta ann. Chan eil sinn eòlach air teas mòr anns an dùthaich againne. Tha cunnart ann an cus teas. Chan eil e math a bhith a-muigh ma tha teas neo-àbhaisteach anns a' ghrèin. Tha sinn a' cur feum air sgàile. Tha cunnart ann an cus fuachd. Faodaidh am fuachd do mharbhadh mar a nì an teas. A bheil sinn a' cur luach air an aimsir a tha againn ann an Alba? Ged a bhios sinn a' gearan air an t-side, chan ann tric a bhios cus teas no cus fuachd againn.

 Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Bàthaidh toll beag long mhòr." (A little hole will sink a big ship.) Tha am facal sin fìor ann an iomadh suidheachadh. Nì an deoch làidir milleadh air iomadh beatha. Ach thòisich an call ann an dòigh glè bheag, a' cheud deoch a ghabh cuideigin. Tha daoine an-diugh ann am prìosan fad iomadh bliadhna, ach thòisich an droch obair leis a' cheud rud a rinn iad ceàrr. Tha rudan mòra ann a nì call. Ach faodaidh na rudan beaga a bhith 'nan call cuideachd. Tha e fìor gu bheil rudan beaga ann a bheir beannachd mhòr do dhaoine eile.

 Air a' mhìos seo tha na sgoiltean dùinte. Bidh làithean saora aig sgoilearan, luchd-teagaisg agus pàrantan. An-diugh tha cothrom aig a' chloinn dol gu dùthchannan thall thairis. Cha robh sin a' tachairt nuair a bha mòran againn òg. Ach tha àiteachan timcheall oirnn ann an Alba air am faod an òigridh tadhal. Tha e math don chorp, don inntinn agus don anam a bhith a-muigh am measg nam beann no a bhith a' coiseachd air an tràigh no tarsaing a' mhonaidh. Tha sinn a' faighinn urachaidh le bhith a' coimhead air àilleachd nàdair ann an cruthachadh Dhè.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

RANN

*O, deònaich do ghràs dhuinn 's na fàg sinn leinn fhìn,
'S ar naimhdean cho làidir a' tàladh ar linn.
Neartaich led làithreachd 's chan fhàilnich ar crìdh',
Is seinnidh sinne le chèile do dh'losa.*

Sin an ùrnaigh a bha aig Dòmhnall Mac na Ceàrdaich ann an tè de na laoidhean aige. Tha an ùrnaigh freagarrach do gach creidmheach a bharrachd air a' bhàrd.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo agaibh a-nis freagairt do na ceistean a chuir sinn oirbh mu dhaoine anns a' Bhìoball a bha a' coiseachd. 1. Emàus. 2. ----t-slighe---- 3. Enoch. 4. Peadar.

EAGLAIS CHLIAMAIN

Tha eaglais Chliamain ann an Roghadal air eaglais cho iomraiteach agus a tha againn anns na h-Eileanan an Iar. Ach chan eil daoine, luchd-turais agus muinntir na sgìre, eòlach air eachdraidh an togalaich. Bho chionn ghoirid bha cothrom ann tadhal air an eaglais agus sgoilearan ag innse mun eachdraidh a tha ceangailte rithe. Bhiodh e math nam biodh làithean fosgailte mar seo aig eaglaisean eile. Bhiodh iad 'nan tarraing don fheadhainn a bhios a' tadhal air a' Ghàidhealtachd agus air na h-Eileanan fad an t-samhraidh. Chan eil an ginealach ùr cho fìosrach mu am bunaitean spioradail agus a bha an sinnsirean agus bhiodh làithean mar seo feumail dhaibh-san cuideachd.

EAGLAIS 'NA TAIGH-TASGAIDH

Tha tè de na h-eaglaisean "Pàrlamaid" a chaidh a dhealbhadh le Tòmas Telford ann an Ullabul. Chan eil an eaglais air a cleachdadh an-diugh mar àit'-adhradh ach rinneadh taigh-tasgaidh dhi bho chionn àireamh bhliadhnan. On taobh a-muigh tha an eaglais mar a bha i anns an naodhamh linn deug agus cha do rinneadh atharrachadh air cuid mhath de na bha 'na broinn. Tha luchd-taic air cnap mòr airgid a thoirt seachad airson leasachaidhean eile a dhèanamh air an taigh-tasgaidh. Tha seann eaglaisean ann a bha air an cleachdadh airson adhradh Dhè air an cur gu mì-fheum ann an dòighean aig nach eil mòran ceangail ris na h-adhbharan spioradail airson an do thogadh iad, ach tha taigh-tasgaidh nas iomchaidhe. Gheibhear sealladh air eachdraidh na h-eaglais anns an sgìre am measg nan cuspairean eile ann an taigh-tasgaidh.

FAGAIL NA H-EAGLAIS

Thug ceistean connspoideach am broinn Eaglais na h-Alba mu fhearas-feise air grunn mhinistearan Gàidhealach an Eaglais fhàgail anns na mìosan a chaidh seachad. Chaidh dithis de na ministearan sin a ghabhail a-steach mar mhinistearan anns an Eaglais Shaoir aig an Ard-sheanadh. Bha an t-Urr. Iamhar Dòmhnallach 'na mhinistear ann an Eaglais na h-Alba o 1993 agus ann an Cille Mhoire agus Stafain o 2000. Bha an t-Urr. Anndra Coghill ann an sgìr nan Loch o 1993. Chuireadh fàilte bhlàth air an dithis leis an Eaglais Shaoir agus ghuidh fear-labhairt o Eaglais na h-Alba gach beannachd dhaibh 'nan obair anns an àm ri teachd.



Ann an dealbh seo, a thogadh ann an 1979, chì sibh Clarence NicGhillinnein à Ceap Breatainn a' sealltainn na litreach a fhuair a sinn-seanair mar theisteanas on Urr. Fionnlagh MacRath, ministear Uibhist a Tuath, nuair a bha e a' dol air an imrich gu ruige Canada. Air an darna duilleag tha sinn a' dèanamh cnuasachaidh air leabhar mu Uibhist anns a bheil Maighistir Fionnlagh a' faighinn prìomh àite. Air an làimh chli tha Fear-deasachaidh nan Duilleag agus tha bràthair Clarence, Seumas Dòmhnallach, air an làimh dheis.

ADHBHAR GAIRE

Bha ministear ann nach robh math air a' mhuir agus cha bu toigh leis a bhith a' siubhal air an fhairge. An turas a bha seo bha e a' falbh air an *Lochseaforth*, agus bha e air cuideigin a chluinntinn a' breithneachadh air an aimsir. Thubhairt am ministear ris an sgiobair, Iain Mac a' Ghobhainn, gu robh an ràdio ag innse gur dòcha gu robh stoirm a' tighinn. O, a mhinistear, ars an captean glic, tha fios agaibh fèin nach eil an sin ach beachdan dhaoine.

Urnaigh

A Dhè bheannaichte,
taing dhut airson leabhraichean
a bheir tlachd dhuinn,
a chuireas ri ar n-eòlas,
a ghleusas ar smuaintean.
Taing dhut gu sònraichte
airson an leabhair
a tha a' toirt bàrr air gach leabhar eile,
am Bìoball a thug Thu dhuinn
mar ar cairt-iùil air slighe na beatha seo.
Cuidich leinn
ach am bi sinn a' cur
an tuilleadh luach
air na Sgrìobtaran Naomha
a tha comasach air ar dèanamh
glic a-chum slàinte.

Amen

An dealbh air an taobh a-muigh:
Seo sealladh air Loch Fin,
far am biodh na ficheadan de
bhàtaichean-iasgaich anns na seann làithean.